

**Programmable States?**

Paul Brown | Vladislav Knežević | William Latham

16 Lùnastal – 20 Sultain, 2015

Fosglaidh *Programmable States?* aig Stèidheachd Ghàidhealach Ealain Co-aimsireil air Didòmhnaich 16<sup>mh</sup> Lùnastal, 2-5f. Leasaichte tro chòmhradh glèidhteachais a tha dol air adhart eadar HICA agus grey) (rùm ceàrnaidh de dh'ealain co-aimsireil is nam meadhanan ann an Croatia, bidh *Programmable States?* ceangailte, gu mac-meanmnach, ri taisbeanadh a tha dol aig an aon àm aig grey) (cuideachd bho 16 Lùnastal – 20 Sultain), agus bidh cuid den aon obair nam measg.

Tha *Programmable States?* a' rannsachadh aithneachadh an fheallsanaiche Ghearmailtich, Max Bense, den t-'shuidheachadh mothachail', agus a bheachd gu bheil an 'suidheachadh mothachail' cho cudromach ri suidheachadh corporra nì sam bith a chithear'. Lean a mhion-sgrùdadh an t-amas, 'prògraman airson suidheachaidhean mothachail a chruthachadh', a' cleachdadh innealan tràth choimpiutaireachd.

Bidh stuthan anns an taisbeanadh co-cheangailte ris an t-strì mhaslach aig còmhradh buidhne ann an 1970 eadar Bense agus Joseph Beuys, a th' air ainmeachadh mar 'crioch lèirsinneach iongantach de phròiseact reusanta matamataig mothachail. Faodar obraichean le Paul Brown, Vladislav Knežević agus William Latham fhaicinn an uairsin mar fhreagairtean no leasachaidhean don phuig cheasnachaidh seo, a' brosnachadh cnuasachadh air am faodadh teicneòlas nas ùire, aig ìre fada nas àirde na bh' aig Bense, cothrom a thoirt air obair mhothachail a tha bàidheil do na beachdan aige, air neo an e dìreach rudeigin de dh'òrdugh eadar-dhealaichte a ghabhas a thaisbeanadh a th' ann?

Tha film an fhilmeadair Croatiaich, Vladislav Knežević, *Binary Pitch* (2013) a' sealltainn talla mhòr far a bheil suidheachanan gan togail is gan leagail coltach ri mar a tha clò-sgrìobhadair ag obrachadh. Tha na pàtranan le coltas tuaireamach a tha na suidheachanan a' cruthachadh a' foillseachadh abairtean sònraichte bho aiste Max Bense, *Aesthetics and Programming* (1968) còdaichte ann an neoni is aonan; taisbeanadh a tha a' tarraing aire an neach-amhairc gun eadar-chluich eadar obair-ealain, ailtearachd (broinn an àite far a bheil an obair air fhaicinn) agus an luchd-amhairc, agus tha e a' comharrachadh dreuchd an neach-amhairc a' tighinn gu mineachadh.

Tha obair Paul Brown a' glacadh a' chom-pàirtiche san aon dòigh, an dà chuid gu lèirsinneach is gu corporra. Thathas air cunntas a thoirt air Brown, neach-ealain is sgrìobhadair a tha air speisealachadh ann an ealain, saidheans & teicneòlas bho dheireadh nan 1960an, mar aon de thùsairean ealain beatha fuadain. Tha cliù cudromach eadar-nàiseanta aige ann an cùisean coimpiutaireach is gintinneach, le ùidh shònraichte ann an Uidheam Ceallach no CAs; siostaman sìmplidh a gheibh air iad fhèin a ghintinn thar ùine. Tha Brown air a ràdh "Tha mi a' coimhead air adhart ri àm far an cruthaich giullachd choimpiutaireach mar a fheadhainn a tha mise a' togail obair-ealain iad fhèin gun feum air dhaoine."

Thathas air cunntas a thoirt air obair William Latham mar "mion-fhàs le mothachadh". B' e Latham, Àrd Ollamh Ealain Coimpiutaireach aig Goldsmiths, Oilthigh Lunnainn, mar aon den chiad neach-ealain a choimeasgaich iomhaigheachd fàs-bheartach is beothalachd coimpiutaireach a' cleachdadh bather-bog air cumadh giullachd mion-fhàis. Bha Latham na Cho-eòlaiche Rannsachaidh aig Ionad Saidheans IBM airson sia bliadhna, agus choinnich e Benoit Mandelbrot aig IBM ann an SAA. Tha e air siostaman mion-fhàis a chleachdadh, an dà chuid, airson mothachadh ealaineach is mothachadh riaghailteach (leithid mion-sgrùdadh de thomhas bloigheach a tha toirt cothrom obair-ealain a chruthachadh leis a' choimpiutair gu bràth is gun feum air neach-ealain.

Thèid tachartas le òraidean is beachdachadh a chumail le Paul Brown agus Bronač Ferran co-cheangailte ris an taisbeanadh air Disathairne 12<sup>mh</sup> Sultain bho 2-4f.

Tha *Programmable States?* air taic fhaighinn bho Alba Chruthachail; Goethe Institut Glaschu; Colaiste Ealain is Dealbhachaidh Duncan of Jordanstone, Oilthigh Dùn Dèagh; agus New Media Scotland

Bidh an taisbeanadh a' ruith bho 16 Lùnastal – 20 Sultain 2015, agus bidh e fosgailte air Didòmhnaich 2-5f, no le bhith a' cur àm air dòigh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no iomhaighean cuiribh fios gu Geoff Lucas no Eilidh Lucas aig:

**HICA, Dalcrombie, Loch Ruthven, Dores, Siorrachd Inbhir Nis, IV2 6UA, UK**

T: +44 (0)1808-521-306

info@h-i-c-a.org

www.h-i-c-a.org